

Tha Ealasaid Nic-a-Phì ag innse mu Bheinn Nibheis.

Pàirt 1

Aig 1,344 meatairean a dh'àirde, 's i Beinn Nibheis a' bheinn as àirde anns an Rìoghachd Aonaichte. 'S ann an sgìre Loch Abar a tha i – faisg air a' Ghearasdan. Thòisich daoine air Beinn Nibheis a shreap anns an ochdamh linn deug. Tha a' bheinn air mòran dhaoine a thàladh dhan Ghearasdan gach bliadhna bhon uair sin. Bidh faisg air ceud mìle ga sreap gach bliadhna.

Bidh a' mhòr-chuid de dhaoine a' coiseachd chun a' mhullaich air frith-rathad ris an canar 'Slighe an Luchd-Turais'. Bidh gu leòr eile a' tighinn chun na beinne gus sreap-chreagan agus sreap-deighe a dhèanamh.

Pàirt 2

Air a' mhullach, tha tobhta a bha uaireigin na làrach-rannsachaidh. Bha luchd-saidheans a' fuireach anns an togalach seo eadar 1883 agus 1904. Chaidh fiosrachadh aimsir a chruinneachadh gach latha an sin. Tha am fiosrachadh seo cudromach chun an latha an-diugh ann a bhith a' toirt tuigse dhuinn air sìde beanntan na h-Alba. Anns an latha an-diugh, tha fasnadh èiginneach ri fhaicinn air mullach na beinne do dhaoine a bhios air an glacadh ann an droch shìde.

Leis cho àrd 's a tha Beinn Nibheis agus cho faisg 's a tha i air a' mhuir, tha an t-sìde air a' bheinn buailteach a bhith fuar, fliuch agus sgòthach. Tha an teòthachd àbhaisteach air mullach na beinne beagan fo ìre reothaidh. Bidh a dhà uiread de dh'uisge a' tuiteam air mullach na beinne 's a bhios anns a' Ghearasdan aig bonn na beinne. Bidh sneachd na laighe air mullach na beinne fiù 's anns an t-samhradh.

Pàirt 3

'S e cuairt fhada dhoirbh a bhios ro neach sam bith a shreapas Beinn Nibheis ach 's fhiach an t-oidhirp. Air latha soilleir chithear sealladh iongantach bhon àite as àirde anns an Rìoghachd Aonaichte. Aig amannan tha e eadhon comasach Èirinn a Tuath fhaicinn. Leis cho tarraingeach 's a tha a' bheinn do luchd-coiseachd, bidh tubaistean oirre gu tric. Gu dearbh, bidh daoine a' bàsachadh air a' bheinn gach bliadhna. Tha e glè chudromach gum bi luchd-coiseachd a' tuigsinn nan cunnartan mus sreap iad i agus gum bi aodach agus uidheamachd fhreagarrach aca.